


Lord Kelvin

1824-1907



Ainmeil airson:

- Innleachadh a' chlàr-tomhais fìor theodhachd, ris an canar a-nis 'Sgèile Kelvin'
- A' mìneachadh an dàrna lagh de theas-ealain dhealanta
- Obair gus càbalan teileagraf a chuir fon Chuan Shiar.

Bha am Morair Kelvin (William Thomson) na eòlaiche fiosaigs iomraiteach le raon farsaing de dh' ùidhean is dhealasachd.

Cumar cuimhne nas fheàrr air airson matamataig teòiridheach, agus bha comas làmhseachail aige airson fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan.

Lord Kelvin (1824-1907)

Tràth beatha agus foghlam

Rugadh William Thomson aig 21-25 Ceàrnag Colaisde an Ear ann am Beul Fairte ann an 1824. Bha an àite seo na dhachaigh nas fhaide air adhart dhan chiad taigh-dhealbh ann am Beul Fairte - 'The Kelvin'.

Thàinig athair a' Mhorair Kelvin gu bhith na Àrd-ollamh Matamataig ann an Oilthigh Ghlaschu. Fhritheal Kelvin clasaichean oilthigh bho aois 10. Sgrìobh e a' chiad pàipear saidheansail aige, fon fhear-ainm 'PQR', nuair a bha e dìreach 16.

Na dheugaire dh' ionnsaich e Frangais math gu leòr gus obair an eòlaiche matamataig Frangach Jean Baptiste Joseph Fourier a leughadh. Bha Philip Kelland, Àrd-ollamh Matamataig aig Oilthigh Dhùn Èideann air obair Fourier mu bhun-bheachd teas a chàineadh. Thuir Kelvin le misneachd gu robh Kelland ceàrr - agus nas fhaide air adhart dh' aontaich eòlaichean-saidheans leis.

Eadar 1841 is 1845 fhrithéal Kelvin Oilthigh Cambridge. Bha e na oileanach fìor mhath - ged a chuir e iongnadh air athair le bhith a' caitheamh na bh' aige de dh' airgead air bàta.

Àrd-ollamhachd aig Oilthigh Ghlaschu

Às deidh dha ceumnachadh, chaidh Kelvin a' dh' obair ann an deuchainn-lann am Paris còmhla ris an àrd-ollamh fiosaigs Victor Regnault.

Bha Kelvin fo bhuaidh nam beachdan matamataigeach aig George Green, mac muillear air fhèin-oideachadh à Nottingham.

Nas fhaide air adhart thug e aiste bho Green gu aire co-eòlaichean matamataig agus fiosaigs le bhith ga ath-fhoillseachadh ann an iris saidheansail spèiseil.

Ann an 1846, agus e dìreach 22, thill Kelvin a Ghlaschu gus a bhith na Àrd-ollamh Feallsanachd Nàdarra. Chum e air san dreuchd seo airson 53 bliadhna. Bha ùidh aige oileanaich fhaicinn an sàs ann an deuchainnean làimhseachail, agus stèidhich e ionad a chaidh ainmeachadh nas fhaide air adhart mar a' chiad deuchainn-lann fiosaigs aig oilthigh.

Sgèile Kelvin agus teas-ealain dhealanta

Chum Kelvin air a' rannsachadh nàdur an teas. Dh' aithnich e gum biodh e feumail teodhachd fìor ìosal a mhìneachadh le cinnt. Ann an 1848, mhol e sgèile teodhachd cinnteach, ris an canar a-nis '[an sgèile Kelvin](#)'.

Às deidh tuilleadh rannsachaidh, dhealbhaich Kelvin an [dàrna lagh de theas-ealain dhealanta](#). Tha seo ag ràdh nach sruthaich teas bho bhodhaig fhuar gu bodhaig nas teodha.

Teileagraf a' Chuain Shiar

Ghluais an ùidh aige ann an sgaoileadh dealan Kelvin gu bhith a' gabhal dreuchd mar Stiùiriche air Companaidh Teileagraf a' Chuain Shiar ann an 1856.

Bha a' chompanaidh gu bhith a' cur **càball teileagraf** fon Chuan Shiar. Dh' fhàilich lomairtean Caball a' Chuain Shiar ann an 1857, 1858 agus 1865, ach shoirbhich le conaltradh càbaill mu dheireadh ann an 1866.

Chaidh urram rìdire a thoirt dha Kelvin airson na h-oidhirpean aige leis a' phròiseact seo.

Kelvin aig muir

Bho 1870 air adhart, chaith Kelvin mòran shamhraidhean air a' gheòla aige 'Lalla Rookh', agus dh' innlich e grunn **ionnstramaidean mara** gu adhartas a thoirt ar seòladaireachd agus sàbhailteachd.

Thug e a-steach compaist seòladair a bha nas cinntiche na gin eile ag an àm sin, agus inneal gu ìrean làin a ro-innse air feadh an t-saoghail.

Iomraiteach gu h-eadar-nàiseanta

Ann an 1884 shiubhail Kelvin gu na Stàitean Aonaichte gus sreath de dh' òraidean a thoirt seachad. Fhuair iad sin èisteachd mhòr, agus chaidh am foillseachadh ann an 1904 fon ainm 'Òraidean Baltimore'.

Chaidh urram Morair a bhuileachadh air Kelvin ann an 1892 agus ghabh e an t-ainm Kelvin seach gu robh ceangal aige ri Glaschu. Mus do bhàsaich e ann an 1907, bha e iomraiteach aig ìre eadar-nàiseanta, a' faighinn mòran spèis is urram.

An robh fios agad?

Thug an eòlaiche nàdarra Charles Darwin iomradh air a' Mhorair Kelvin mar a bhith 'coltach ri samhla fuathmhoir'.

Bha Kelvin a' cur an aghaidh beachdan Darwin a thaobh taghadh nàdarra, agus e a' creidsinn gu robh an Talamh ro òg airson gum biodh taghadh nàdarra air tachairt.

Air a thogail bhon Thalla Cliù Saidheans aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
<http://digital.nls.uk/scientists/biographies/index.html>

Education Scotland

Denholm House

Almondvale Business Park

Almondvale Way

Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk

Transforming lives through learning



**Education
Scotland**
Foghlam Alba